N5

Teisteanais
Nàiseanta
2023

X875/75/11 Nuadh-eòlas

DIARDAOIN, 18 CÈITEAN
1:00 F – 3:20 F

Comharran gu lèir — 80

ROINN 1 — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 28 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt A **AGUS** Ceist 7 **NO** Pàirt B **AGUS** Ceist 7

Pàirt A	Deamocrasaidh ann an Alba	*duilleag 02*
Pàirt B	Deamocrasaidh san Rìoghachd Aonaichte	*duilleag 03*
Ceist 7		*duilleagan 04–05*

ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA SAN RÌOGHACHD AONAICHTE - 26 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt C **AGUS** Ceist 14 **NO** Pàirt D **AGUS** Ceist 14

Pàirt C	Neo-ionannachd shòisealta	*duilleag 06*
Pàirt D	Eucoir agus an Lagh	*duilleag 07*
Ceist 14		*duilleagan 08–09*

ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 26 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt E **AGUS** Ceist 21 **NO** Pàirt F **AGUS** Ceist 21

Pàirt E	Cumhachdan an t-saoghail	*duilleag 10*
Pàirt F	Cùisean an t-saoghail	*duilleag 11*
Ceist 21		*duilleagan 12–13*

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

SQA ©

X8757511

ROINN 1 — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 28 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt A **AGUS** Ceist 7 **NO** Pàirt B **AGUS** Ceist 7

Pàirt A	Deamocrasaidh ann an Alba	*duilleag 02*
Pàirt B	Deamocrasaidh san Rìoghachd Aonaichte	*duilleag 03*
Ceist 7		*duilleagan 04–05*

PÀIRT A — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA

Nad fhreagairtean airson Ceistean 1, 2 agus 3 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid à Alba a thoirt seachad.

Ceist 1

Tha grunn fheartan an cois Siostam Bhall a Bharrachd (AMS).

Thoir cunntas **mionaideach air dà** fheart Siostam Bhall a Bharrachd (AMS). **4**

Ceist 2

Faodaidh daoine pàirt a ghabhail ann an iomairtean taghaidh ann an iomadh dòigh.

Thoir cunntas **mionaideach air dà** dhòigh anns am faod daoine pàirt a ghabhail ann an iomairtean taghaidh. **6**

Feuch **AN DARA CUID** Ceist 3(a) **NO** 3(b)

Ceist 3

Tha buaidh mhòr aig na meadhanan taobh a-staigh deamocrasaidh.

(a) Thoir cunntas **mionaideach air** carson a tha buaidh mhòr aig na meadhanan taobh a-staigh deamocrasaidh.

Bu chòir dhut **trì** buannachdan aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt. **8**

NO

Tha tòrr cumhachd aig a' Phrìomh Mhinistear.

(b) Thoir cunntas **mionaideach air** carson a tha tòrr cumhachd aig a' Phrìomh Mhinistear.

Bu chòir dhut **trì** buannachdan aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt. **8**

[A-nis theid gu Ceist 7 a' tòiseachadh air *duilleag 04*]

PÀIRT B — DEAMOCRASAIDH SAN RÌOGHACHD AONAICHTE

Nad fhreagairtean airson Ceistean 4, 5 agus 6 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid às an Rìoghachd Aonaichte a thoirt seachad.

Ceist 4

Tha grunn fheartan aig siostam àireamh bhòtaichean as motha (FPTP).

Thoir cunntas **mionaideach air dà** fheart siostam àireamh bhòtaichean as motha. **4**

Ceist 5

Faodaidh daoine pàirt a ghabhail ann an iomairtean taghaidh ann an iomadh dòigh.

Thoir cunntas **mionaideach air dà** dhòigh anns am faod daoine pàirt a ghabhail ann an iomairtean taghaidh. **6**

Feuch **AN DARA CUID** Ceist 6(a) **NO** 6(b)

Ceist 6

Tha buaidh mhòr aig na meadhanan taobh a-staigh deamocrasaidh.

(a) Thoir cunntas **mionaideach air** carson a tha buaidh mhòr aig na meadhanan taobh a-staigh deamocrasaidh.

Bu chòir dhut **trì** buannachdan aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt. **8**

NO

Tha tòrr cumhachd aig a' Phrìomhaire.

(b) Thoir cunntas **mionaideach air** carson a tha tòrr cumhachd aig a' Phrìomhaire.

Bu chòir dhut **trì** buannachdan aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt. **8**

[A-nis theid gu Ceist 7 a' tòiseachadh air *duilleag 04*]

Ceist 7

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3, agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

'S e neach-bhòtaidh òg a th' annad a' fuireach ann an sgìre-phàrlamaid Albannach Taobh Deas a' Mheadhain. Tha taghadh a' gabhail àite ann gus ball ùr Pàrlamaid Òigridh na h-Alba a thaghadh. Tha dà thagraiche ann, Gillian Garfield (roghainn 1) agus Jake Holland (roghainn 2).

Roghainn 1 - Bhòt airson Gillian Garfield	**Roghainn 2** - Bhòt airson Jake Holland

STÒR 1

Profaidhlean nan tagraichean	
Gillian Garfield	**Jake Holland**
Prìomh amas poileasaidh Dèan iomairt airson seirbheisean slàinte inntinn nas fheàrr do dhaoine òga.	**Prìomh amas poileasaidh** Dèan iomairt airson còraichean LGBTQ leasaichte do dhaoine òga.
Prìomhachasan eile Feuchaidh mi ri ruigsinneachd air cur-seachadan an-asgaidh leithid ballrachd gym a leasachadh oir tha e soilleir gu bheil daoine òga ag iarraidh rudeigin mar seo.	**Prìomhachasan eile** An-dràsta tha mi a' creidsinn gu bheil luchd-co-dhùnaidh a' seachnadh guthan dhaoine òga. Bidh mise nam ghuth dhaibh.
Feuchaidh mi cuideachd ri dèiligeadh ri duilgheadas burraidheachd air-loidhne le bhith a' leasachadh an fhoghlaim agus an taic a tha ri fhaighinn.	An-dràsta, chan eil mòran chothroman cosnaidh ann airson luchd-fàgail na sgoile. Aon dòigh anns an toir mi aghaidh air an seo, se a bhith a' brosnachadh Riaghaltas na h-Alba barrachd obraichean a chruthachadh do dhaoine òga.
Ged a tha e air tiginn air adhart anns na bliadhnachan mu dheireadh, tha mi airson mothachadh mu phoilitigs a leudachadh am measg dhaoine òga. Aon dòigh anns an dèan mi seo, se a bhith a' brosnachadh Riaghaltas na h-Alba litearrachd phoilitigeach a dhèanamh na phàirt riatanach de churraicealam na sgoile, mar a tha PE.	Tha bochdainn na phrìomhachas dhòmhsa oir tha e glè chudromach ann an inntinnean dhaoine òga. Tha cosgais bìdh, gas agus dealain air a dhol suas gu mòr le daoine a' taghadh eadar 'teas is ithe'.
Obraichidh mi gus dèanamh cinnteach gu bheil barrachd làthaireachd poileis san sgìre ionadail gus am bi a h-uile duine a' faireachdainn sàbhailte agus tèarainte.	Nì mi coiteachadh air Riaghaltas na h-Alba airson barrachd thaighean aig prìs ruigsinneach a thogail do dhaoine òga far a bheil e doirbh dhaibh a' chiad dachaigh aca a cheannach.

STÒR 2

Cunntas-bheachd dhaoine òga ann an Taobh Deas a' Mheadhain

	Ag aontachadh gu làidir (%)	Ag aontachadh (%)	Ag easaontachadh (%)	Ag easaontachadh gu làidir (%)
Bu chòir litearrachd phoilitigeach a bhith na phrìomh chuspair san sgoil	32	34	21	14
Bidh luchd-co-dhùnaidh a' seachnadh dhaoine òga	15	10	43	32
Bu chòir peanasan nas cruaidhe a bhith ann airson sgudal a fhàgail	52	9	29	10
Bu chòir gum bi seirbheisean slàinte inntinn nas fheàrr ann do dhaoine òga	50	25	15	10
Bu chòir cothroman air cur-seachadan a bhith aig prìsean nas reusanta	40	19	30	11
Feumar dèiligeadh ri cùis burraidheachd air-loidhne	10	25	43	22
Bu chòir gum bi còraichean LGBTQ leasaichte ann do dhaoine òga	42	20	18	20
Bu chòir gum bi barrachd thaighean aig prìs reusanta ann do dhaoine òga	42	28	15	15

Ceist 7 (a' leantainn)

STÒR 3

Sgìre-phàrlamaid Taobh Deas a' Mheadhain

'S e roinn-phàrlamaid eadar-mheasgte a th' ann an Taobh Deas a' Mheadhain. Ach, san àm a dh'fhalbh tha fianais air a bhith ann mu eucoirean gràin an aghaidh mhion-bhuidhnean òga a tha air stri adhbharachadh agus gu tric còmhstri am measg luchd-taghaidh. Mar thoradh air an sin, tha làthaireachd poileis nas motha air a bhith san sgìre agus tha a' choimhearsnachd ionadail air fàilte a chuir air. Tha seo air àireamh nan eucoirean gràin a lùghdachadh. Ged a tha daoine a-nis ag ràdh gu bheil iad a' faireachdainn nas sàbhailte, tha buidhnean òigridh LGBTQ a' cumail orra le strì airson chòraichean leasaichte.

'S e fìor dhragh anns an sgìre-phàrlamaid an liosta feitheimh airson taigheadas aig prìs reusanta. Chuir daoine òga san sgìre athchuinge a-steach o chionn ghoirid a' soilleireachadh an fheum air barrachd thaighean aig prìs reusanta airson daoine aois 16-24.

Tha dragh ann cuideachd a thaobh cosgais bith-beò. Tha aon charthannas ionadail air innse gu bheil cuid de dhaoine òga draghail mu bhith a' pàigheadh nan cunntasan dachaigh aca.

Tha proifeiseantaich slàinte a tha ag obair taobh a-staigh Taobh Deas a' Mheadhain air draghan a thogail mun àrdachadh ann an cùisean slàinte inntinn am measg dhaoine òga bho thòisich an galar mòr-sgaoilte, COVID-19. Tha gainnead ghoireasan ann gus coinneachadh ris an fheum seo le ùine feitheimh fhada airson daoine òga gus faighinn gu seirbheisean taic.

Tha measgachadh farsaing de chur-seachadan rim faighinn ann an sgìre-phàrlamaid Taobh Deas a' Mheadhain. Ach, tha a' mhòr-chuid de na goireasan, leithid gyms, fo shealbh prìobhaideach agus tha iad ro dhaor airson daoine òga a bhith nam buill. Chan eil ach dà ionad-spòrs aig ùghdarrasan ionadail san sgìre agus tha fiù 's iad sin daor.

Tha roghainn farsaing de chothroman aig daoine òga san sgìre ionadail nuair a dh'fhàgas iad an sgoil le grunn a' dol gu foghlam adhartach, a' faighinn cosnadh no a' faighinn preantasachd. Tha aon de na h-ìrean cion-cosnaidh òigridh as ìsle san dùthaich aig Taobh Deas a' Mheadhain.

Feumaidh tu co-dhùnadh dè an roghainn a mholas tu, **an dàrna cuid** bhòt airson Gillian Garfield (**Roghainn 1**) no bhòt airson Jake Holland (**Roghainn 2**).

(i) A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, **dè an roghainn a thaghadh tu?**

(ii) Thoir seachad adhbhar mar **thaic** don mholadh agad.

(iii) **Mìnich** carson nach do thagh thu an roghainn eile.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **trì** stòran uile. **10**

[A-nis theid gu ROINN 2 air *duilleag 06*]

COMHARRAN

ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA SAN RÌOGHACHD AONAICHTE - 26 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt C **AGUS** Ceist 14 **NO** Pàirt D **AGUS** Ceist 14

Pàirt C	Neo-ionannachd shòisealta	*duilleag 06*
Pàirt D	Eucoir agus an Lagh	*duilleag 07*
Ceist 14		*duilleagan 08–09*

PÀIRT C — NEO-IONANNACHD SHÒISEALTA

Nad freagairtean airson Ceistean 8, 9 agus 10 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid às an Rìoghachd Aonaichte a thoirt seachad.

Ceist 8

Tha mòran bhuilean aig Neo-ionannachd shòisealta agus eaconamach air daoine fa leth.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** bhuil a tha aig Neo-ionannachd shòisealta agus eaconamach air daoine fa leth. **4**

Ceist 9

Tha coileanadh foghlaim mar aon adhbhar airson neo-ionannachd shòisealta agus eaconamach.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar gum faod coileanadh foghlaim a bhith na adhbhar neo-ionannachd shòisealta agus eaconamach. **6**

Ceist10

Tha an roinn shaor-thoileach air a bhith soirbheachail ann a bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachd shòisealta agus eaconamach.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar carson a tha an roinn shaor-thoileach air a bhith soirbheachail ann a bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachd shòisealta agus eaconamach. **6**

[A-nis theid gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag 08*]

PÀIRT D — EUCOIR AGUS AN LAGH

Nad fhreagairtean airson Ceistean 11, 12 agus 13 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid às an Rìoghachd Aonaichte a thoirt seachad.

Ceist 11

Tha mòran bhuilean aig eucoir air fulangaichean.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** bhuil a tha aig eucoir air fulangaichean. **4**

Ceist 12

Bidh cuid de dhaoine a' dèanamh eucoir mar thoradh air adhbharan sòisealta.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar carson a bhios cuid de dhaoine a' dèanamh eucoir mar thoradh air adhbharan sòisealta. **6**

Ceist 13

Chan eil am poileas èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ri eucoir.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar carson nach eil am poileas èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ri eucoir. **6**

[A-nis theid gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag 08*]

Ceist 14

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3, agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

STÒR 1

Prìosanan agus COVID-19

Tha suidheachaidhean ann am prìosanan na RA, leithid cus sluaigh agus gun mòran cothrom air astar sòisealta, air leth freagarrach airson sgaoileadh a' bhìoras COVID-19. San Ògmhios 2020, thug prìosanan ann an Sasainn agus sa Chuimrigh cunntas air 500 cùis dhearbhte de COVID-19. Bha riaghaltas na RA airson aimhreitean prìosain sam bith a sheachnadh dhen t-seòrsa a thachair san Eadailt tràth sa Mhàrt 2020. B' e leigeil ma sgaoil tràth de phrìosanaich le cunnart ìosal aon de na ciad cheumannan a chaidh a ghabhail gus buaidh a' bhìoras air coimhearsnachd a' phrìosain a lùghdachadh. An toiseach, fon sgeama seo, bhathar an dùil ri 4,000 prìosanach a leigeil ma sgaoil ann an Sasainn agus sa Chuimrigh.

Chaidh tuilleadh a dhèanamh gus bacadh a chur air galairean am measg nam mìltean a bha a' fuireach agus ag obair ann am prìosanan. Bha seo a' toirt a-steach a bhith a' cuingealachadh ghluasadan eadar prìosanan gus nach glacadh prìosanaich agus luchd-obrach a' bhìoras, dheuchainnean air luchd-obrach agus casg farsaing air luchd-tadhail gu prìosanan. Ro COVID-19 bha còrr air 80,000 prìosanach san RA agus mar thoradh air an sin bhiodh mìltean a' tadhal sa phrìosan gach seachdain.

Aig àm glasadh COVID-19 bha prìosanaich an urra ri conaltradh fòn. Mar thoradh air an sin, ann an ceallan prìosain ann an Sasainn agus sa Chuimrigh, dh'èirich an àireamh de dh'fhònaichean sna ceallan gu timcheall air 70%. Chaidh àireamh mhòr de dh'fhònaichean-làimhe a thoirt seachad cuideachd. Thug na h-innealan-làimhe sin cothrom do phrìosanaich conaltradh a dhèanamh leis an teaghlach aca aig àm glasaidh. Ach, bha seo air fhaicinn mar ghluasad connspaideach am measg a' phobaill.


Gus casg a chur air tuilleadh sgaoileadh dhen bhìoras, mhol riaghaltas na RA gum biodh feum air ceumannan gus prìosanaich ùra agus ann an cunnart a chur ann an cuarantain airson co-dhiù bliadhna. Bha e coltach gun tug na ceumannan cuarantain buaidh air sgaoileadh a' bhìoras. Ron Dùbhlachd 2021, bha 177 prìosanach ann an Sasainn agus sa Chuimrigh air bàsachadh mar thoradh air COVID-19.

STÒR 2

Suirbhidhean co-cheangailte ris a' phrìosan

Suirbhidh beachd a' phobaill


Am bu chòir fòn-làimhe a bhith air a thoirt do phrìosanaich aig àm glasadh COVID-19?



Ag aontachadh gu làidir
Ag aontachadh
Chan eilear ag aontachadh no ag easaontachadh
Ag easaontachadh
Ag easaontachadh gu làidir

Suirbhidhean teaghlaichean prìosain


Dè cho furasta 's a bha e conaltradh le prìosanaich aig àm glasadh COVID-19?



Glè fhurasta
Furasta
Doirbh
Glè dhoirbh

Ceist 14 (a' leantainn)

STÒR 3



Daily Planet

CÙISEAN COVID-19 ANN AM PRÌOSANAN

Is dòcha gu bheil an àireamh de phrìosanaich a thathar a' creidsinn a bha air an galarachadh le COVID-19 mòran nas àirde na am figear foillsichte.

Tha rannsachadh Slàinte Poblach san t-Sultain 2020 air 1,783 cùis "coltach" a lorg thairis air prìosanan ann an Sasainn agus sa Chuimrigh.

DAILY BLOG

SGEAMA LEIGEIL MA SGAOIL TRÀTH

Ro dheireadh an Lùnastail 2020, cha robh ach 275 prìosanach air an leigeil ma sgaoil tràth ann an Sasainn agus sa Chuimrigh, a' toirt a-steach grunn phrìosanaich a bha trom le leanabh agus màthraichean le leanaban. Thuirt an riaghaltas an toiseach gun deidheadh àireamh nas àirde de dh'eucoirich a leigeil ma sgaoil, gus àite a chruthachadh ann am prìosanan gus astar sòisealta a chuideachadh aig àm COVID-19.

NAIDHEACHDAN CRUINNEIL

Ann an dùthchannan air feadh an t-saoghail, chaidh mòran phrìosanaich a leigeil ma sgaoil tràth bho na bìnn aca ann an oidhirp casg a chur air sgaoileadh COVID-19. Am measg cuid de chùisean suas chun an Lùnastail 2020 tha:

Iran	85 000
An Tuirc	45,000
Brasil	30,000
Indonìsia	30,000
Etiòpia	4,000

Bugle!

Oifigearan Prìosain – Iomallach

Tha figearan bho Mhinistrealachd a' Cheartais a' nochdadh gu bheil 542 neach-obrach air deuchainn dheimhinneach fhaighinn airson COVID-19 thairis air 72 prìosanan Sasannach is Cuimreach le 23 neach-obrach Luchd-dìon Phrìosanach agus Seirbheisean Cumail air an dearbhadh gu bheil a' bhìoras aca (Cèitean 2020).

A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, dè na co-dhùnaidhean a dh'fhaodar a tharraing mu bhuaidh COVID-19 air prìosanan?

Bu chòir dhut co-dhùnadh a ruighinn mu dheidhinn gach aon de na leanas

- an àireamh de chùisean COVID-19 am measg phrìosanaich ann an Sasainn agus sa Chuimrigh eadar Ògmhios agus Sultain 2020
- comas theaghlaichean conaltradh le prìosanaich aig àm glasadh COVID-19
- beachd a' phobaill mu bhith a' toirt a-mach fònaichean-làimhe sa phrìosan aig àm glasadh COVID-19
- leigeil ma sgaoil tràth bhon phrìosan ann an Sasainn agus sa Chuimrigh air sgàth COVID-19 an taca ri dùthchannan eile.

Feumaidh na co-dhùnaidhean agad a bhith le taic fianais bho na stòran. Bu chòir dhut fiosrachadh an taobh a-staigh agus eadar na stòran a cho-cheangal mar thaic do na co-dhùnaidhean agad.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **trì** stòran uile. **10**

ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 26 comharra

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt E **AGUS** Ceist 21 **NO** Pàirt F **AGUS** Ceist 21

Pàirt E	Cumhachdan an t-saoghail	*duilleag 10*
Pàirt F	Cùisean an t-saoghail	*duilleag 11*
Ceist 21		*duilleagan 12–13*

PÀIRT E — CUMHACHDAN AN T-SAOGHAIL

Nad fhreagairtean airson Ceistean 15, 16 agus 17 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich bho chionn ghoirid ann an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh.

Ceist 15

Faodaidh buaidh armailteach a bhith aig dùthchannan cumhachdach air dùthchannan eile.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** dhòigh anns am faod an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh buaidh armailteach a thoirt air dùthchannan eile.

Nad fhreagairt feumaidh tu innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh. **4**

Ceist 16

Tha còraichean poilitigeach aig saoranaich anns a h-uile dùthaich cumhachdach.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** chòir phoilitigeach a tha aig saoranaich anns an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh.

Nad fhreagairt feumaidh tu innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh. **6**

Ceist 17

Tha cuid de bhuidhnean nas soirbheachaile gu sòisealta agus gu h-eaconamach na cuid eile.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar gu bheil cuid de bhuidhnean nas soirbheachaile gu sòisealta **agus** gu h-eaconamach na cuid eile.

Nad fhreagairt feumaidh tu innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh. **6**

[A-nis theid gu Ceist 21 a' tòiseachadh air *duilleag 12*]

PÀIRT F — CÙISEAN AN T-SAOGHAIL

Nad fhreagairtean airson Ceistean 18, 19 agus 20 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich bho chionn ghoirid mu chùis san t-saoghal a tha thu air a sgrùdadh.

Ceist 18

Glè thric bidh oidhirpean armailteach air an dèanamh gus còmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta fhuasgladh.

Thoir cunntas **mionaideach** air a **dà** oidhirp armailteach gus fuasgladh fhaighinn air a' chòmhstri no a' chùis air an do rinn thu sgrùdadh.

Nad fhreagairt, feumaidh tu innse dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh. **4**

Ceist 19

Tha iomadh adhbhar sòisealta ann airson còmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta.

Thoir cunntas **mionaideach** air a **dà** adhbhar shòisealta airson còmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta a tha thu air sgrùdadh.

Nad fhreagairt, feumaidh tu innse dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh. **6**

Ceist 20

Faodaidh còmhstri agus cùisean eadar-nàiseanta buaidh a thoirt air an fheadhainn air a bheil iad a' toirt buil dhìreach.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar air carson a thug a' chòmhstri no a' chùis air an do rinn thu sgrùdadh buaidh air an fheadhainn air a bheil iad a' toirt buil dhìreach.

Nad fhreagairt, feumaidh tu innse dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh. **6**

[A-nis theid gu Ceist 21 a' tòiseachadh air *duilleag 12*]

Ceist 21

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3, agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

STÒR 1

Aithisg àrainneachdail Andacia

Is e dùthaich mhòr a th' ann an Andacia le mòran ghoireasan nàdarra. San àm a dh'fhalbh tha e air a bhith an urra ri prìomh ghnìomhachasan, leithid mèinnearachd, a tha a-nis air am faicinn cho dona don àrainneachd. Ach, tha timcheall air 60% de chompanaidhean mèinnearachd an t-saoghail fhathast stèidhichte ann.

Tha truailleadh na chron don àrainneachd agus tha an Riaghaltas Andacian air grunn laghan aontachadh gus feuchainn ri ìrean truaillidh a lùghdachadh. Ann an 2019 ghabh e ri Achd Dìon Àrainneachd Andacia a chruthaich riaghailtean mòran nas cruaidhe a thaobh dè an sgudal a dh'fhaodadh a bhith air a dhumpadh gu laghail. Ghabh e cuideachd ri Achd Cumhachd Eile ann an 2010 gus gluasad air falbh bho chonnadh traidiseanta leithid gual agus shuidhich iad targaid airson 4,000 tuirbin gaoithe a bhith ann ro 2022.


Tha companaidhean mèinnearachd ann an Andacia air a bhith ag obair gus càileachd uisge ann an aibhnichean ionadail a leasachadh le bhith a' toirt air falbh cheimigean bho sgudal. Tha oilthighean air obrachadh le gnìomhachas gus dòighean nas fheàrr a leasachadh. A dh'aindeoin sin, tha trioblaidean air a bhith ann fhathast le ceimigean a' falbh a-steach do dh'aibhnichean. Chaidh càin mhòr a chuir air grunn chompanaidhean mar thoradh air an dòigh neo-chùramach aca a thaobh faighinn cuidhteas sgudal.

Ged a tha Andacia air na h-ìrean truailleadh èadhair aice a leasachadh, tha e fhathast a' cur ri còrr air 15,000 neach a' bàsachadh gach bliadhna anns na bailtean-mòra an taca ri timcheall air 1,500 ann an tubaistean rathaid. Tha seo air ùpraid adhbharachadh am measg bhuidhnean stri na h-àrainneachd ann an Andacia a tha ag iarraidh gnìomh sa bhad.

Tha e na dhùbhlan gnìomhachas a leasachadh gun a bhith ag adhbharachadh droch bhuaidhean àrainneachdail. Mar eisimpleir, tha factaraidhean a' cur ghasaichean taigh-glainne a-steach tron chleachdadh lùtha aca, agus le bhith a' diùltadh pannalan grèine a chuir a-steach air sgàth an uallach ionmhais a bheireadh seo.

STÒR 2

Andacia - staitistigean àrainneachdail



STÒR 3

Can na th' agad ri ràdh

	**Nikki** Tha àrdachadh mòr air tighinn air an iasg agus fiadh-bheatha san abhainn ionadail agam o chionn beagan bhliadhnaichean leis gu bheil nas lugha de cheimigean gan cur innte.
	**Zac** Tha Andacia air na targaidean aca airson tuirbinean gaoithe a choileanadh, rud a tha math dhan àrainneachd.
	**Zaina** Tha e math tasgadh fhaicinn ann am foghlam mar an sgoil ùr ann an Watton.
	**Aiden** Tha atharrachadh àrainneachd ro shlaodach. Mar dhùthaich tha sinn fhathast an urra ri bunan lùtha traidiseanta a tha ag adhbharachadh àrdachadh ann an sgaoilidhean gasaichean taigh-glainne.
	**Mustafa** Tha Andacians a' bàsachadh air sgàth truailleadh èadhair anns na bailtean-mòra againn. Feumar barrachd a dhèanamh.
	**Laura** Tha e math faicinn gu bheil an riaghaltas air èisteachd ri gearanan àrainneachdail agus air laghan ùra a thoirt a-steach gus Andacia a dhìon - tha seo air leantainn gu ìsleachadh còrr air 30% ann an ìrean truailleadh èadhair bho 2010.

A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, thoir adhbharan **airson** agus **an aghaidh** beachd Sheila Connor.

> Tha Andacia air leasachaidhean àrainneachd a dhèanamh anns na bliadhnachan mu dheireadh.
>
> **Beachd Sheila Connor, Riaghladair**

Nad fhreagairt, **feumaidh** tu

- fianais a thoirt seachad bho na stòran a tha a' toirt taic do bheachd Sheila Connor

AGUS

- fianais a thoirt seachad bho na stòran a tha a' cur an aghaidh beachd Sheila Connor. **10**

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **trì** stòran uile.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO